STORYWORLDS

# Gille Ruadh agus an druma



Nicola Moon • Kay Widdowson

# Gille Ruadh agus an druma



An teacsa Nicola Moon

Dealbhan Kay Widdowson

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



’S e luch bheag a bh’ ann an Gille Ruadh.
’S e eun mòr dubh a bh’ ann an Sgiathag.
Aon là chaidh Gille Ruadh agus Sgiathag
chun na fèille.



Bha cleasaichean a' cluich air an t-sràid.

Bha Bùm! Bùm! Bùm! aig an druma.

Bha Tud! Tud! Tud! aig an trombaid.



“Tha mise ag iarraidh cluich air an trombaid,” thuirt Sgiathag.
“Tha mise ag iarraidh cluich air an druma,” thuirt Gille Ruadh.




Chunnaic na cleasaichean a' chlann.

Leig iad às an druma agus an trombaid.



"A-nis cluichidh mi an trombaid,"
thuirt Sgiathag.
"Chan urrainn dhut," thuirt Gille Ruadh.
"O, is urrainn," thuirt Sgiathag.



Shèid Sgiathag agus shèid i.

Ach cha b' urrainn dhi an trombaid a chluich.



"Cluichidh mise an druma," thuirt Gille Ruadh.

"Chan urrainn dhut," thuirt Sgiathag.

"O, 's urrainn," thuirt Gille Ruadh.




Leum Gille Ruadh air an druma.

Leum e suas agus leum e sìos.

"Tha mise a' cluich na druma," thuirt e.



Chaidh Gille Ruadh suas, suas, suas.

Chaidh e suas dhan chraoibh.



"Cuidich mi," thuirt Gille Ruadh.
"Chan fhaigh mi sìos."
"Cuidichidh mi thu," thuirt Sgiathag.



“Leum air mo dhruim,” thuirt Sgiathag.

Siud iad a’ dol sìos.